

TEAMPLAID AITHRIS AIRSON DLEASTANAS BITH-IOMADACHD: BUIDHNEAN ÌRE TRÌ

Bord na Gàidhlig



17 Dùbhlachd 2020

EARRANN 1: FIOSRACHADH TÒISEACHAIL MUN BHUIDHINN PHOBLAICH AGAIBH

Thoiribh cunntas air dleastanasan is adhbhar na buidhne agaibh, a' gabhail a-steach dleastanasan àrainneachdail sònraichte sam bith

	<p>'S e buidheann phoblach neo-roinneil ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a tha cunntachail tro Mhinistearan do Phàrlamaid na h-Alba. Air a stèidheachadh fo <u>Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (An Achd)</u> 's e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach gus leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig. Fo chumhachan na h-Achd, thathar ag iarraidh air Bòrd na Gàidhlig a dhleastanasan a thoirt gu buil le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann dhan Bheurla.</p> <p>Chithear structar làithreach an luchd-obrach an seo.</p>
--	---

EARRANN 2: GNÌOMHAN GUS BITH-IOMADACHD A DHÌON AGUS GUS DAOINE A CHEANGAL RI NÀDAR

Thoiribh cunntas air agus mìnich gnìomh sam bith a tha a' bhuidheann agaibh air dèanamh an darna cuid leatha fhèin no mar phàirt de chom-pàirteachas gus buannachd a thoirt do bhith-iomadachd, gus dèiligeadh ris na prìomh nithean a tha ag adhbharachadh call bith-iomadachd, no gus toraidhean nas fharsainghe a choileanadh do nàdar agus do dhaoine.

	Tha Bòrd na Gàidhlig a' gabhail pàirt anns an sgeama Rothaireachd a dh'Obair. Tha am poileasaidh siubhail is bith-beò againn a' brosnachadh siubhal gnìomhach agus a' brosnachadh a bhith a' seachnadh siubhal ma ghabhas sin dèanamh. Mura h-eil sin comasach, thathar a' moladh còmh-dhail phoblach.
--	--

EARRANN 3: AG ÀBHAISTEACHADH BITH-IOMADACHD

Thoiribh cunntas air ceum sam bith a tha a' bhuidheann agaibh air gabhail gus ceuman bith-iomadachd a thoirt a-steach do na poileasaidhean, planaichean no ro-innleachdan nas fharsainge aice. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach structaran co-dhùnaidh agus dreuchdan is dleastanasan an luchd-obrach agus na buidhne.

	<p>Tha a' mhòr-chuid de sholarachadh airson seirbheisean, far am bi sinn a' ceannach uidheamachd agus solar, air a dhèanamh tro fhrèam-obrach Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>Tha Bòrd na Gàidhlig nan teanntan anns gach togalach far a bheil luchd-obrach stèidhichte, is mar sin tha sinn cuibhrichte a thaobh dè as urrainn dhuinn dèanamh.</p> <p>Ach, tha sinn air buidheann àrainneachd a stèidheachadh taobh a-staigh na buidhne gus farsaingeachd de dh'iomairtean a thoirt air adhart, a' gabhail a-steach a bhith a' togail mothachadh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' suidheachadh thargaidean taobh a-staigh a' phlana gnìomh gus carbon a lughdachadh agus a bhith a' cruthachadh cairt dhan bhuidhinn airson suidheachadh èiginneach na gnàth-shìde.</p> <p>Tha an t-uallach reachdail air Bòrd na Gàidhlig a bhith a' toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Mar phàirt den obair againn, tha sinn air iarraidh air Riaghaltas na h-Alba, NatureScot, Coilltearachd agus Fearann Alba, Coimisean Fearainn na h-Alba, Coimisean na Croitearachd agus 30 ùghdarras ionadail planaichean Gàidhlig ullachadh. Mar sin bidh sinn a' ceangal ar n-obair ri raon farsaing de bhuidhnean aig a bheil dleastanasan reachdail airson glèidhteachas, riaghaladh agus cleachdadh fearainn.</p>
--	--

EARRANN 4: FUASGLAIDHEAN STÈIDHICHTE AIR NÀDAR, ATHARRACHADH NA GNÀTH-SHÌDE AGUS BITH-IOMADACHD

Ciamar a tha a' bhuidheann agaibh air bith-iomadachd a thoirt a-steach do dh'fhuasglaidhean stèidhichte air nàdar gus aghaidh a chur air suidheachadh èiginneach na gnàth-shìde agus toraidhean sòisio-eaconamach eile?

	<p>Tha Bòrd na Gàidhlig cuingealaichte a thaobh nas urrainn dhuinn dèanamh gus piseach a thoirt air ruigsinneachd air nàdar do na h-uile. Tha sinn a' cumail taic ri buidhnean tràth-bhliadhnaichean a tha air tòiseachadh air coinneachadh a-muigh.</p> <p>Chan eil sealbh aig Bòrd na Gàidhlig air fearann sam bith agus bidh e a' co-roinn thogalaichean le buidhnean eile agus mar sin chan eil mòran chothroman aice gnìomh sam bith a dhèanamh air an talamh.</p> <p>Tha Bòrd na Gàidhlig air buidheann obrach àrainneachd a stèidheachadh gus cuideachadh le bhith a' coileanadh a' phrìomhachais sa phlana chorpóra againn gus bun-loidhne a stèidheachadh airson lorg carboin na buidhne agus gus dèanamh cinnteach gu bheil plana an sàs gus seo a lùghdachadh gu net zero cho luath 's a ghabhas agus ron bhliadhna 2045. Tha a' bhuidheann seo cuideachd air gealltainn ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' phoileasaidh àrainneachd làithreach againn agus tha sinn air cairt a dhreachadh mar fhreagairt air suidheachadh èiginneach na gnàth-shìde.</p>
--	---

EARRANN 5: LEASACHADH AN LUCHD-OBACH

Sgilean agus trèanadh an luchd-obrach

	<p>A rèir poileasaidh uairean-obrach sùbailte Bhòrd na Gàidhlig, faodaidh luchd-obrach làithean dheth iarraidh airson obair shaor-thoileach. Chaidh am poileasaidh seo a dheasbad leis an luchd-obrach mar phàirt den chonaltradh leantainneach againn gus mothachadh a thogail mu na poileasaidhean againn.</p>
--	--

EARRANN 6: BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Thoiribh cunntas air obair rannsachaidh sam bith a rinn a' bhuidheann agaibh a dh'fhaodadh a bhith a' buntainn ri bith-iomadachd no nàdar

	Chan eil Bòrd na Gàidhlig air obair rannsachaidh sam bith a dhèanamh air bith-iomadachd air sgàth nàdar a dhleastanais reachdail, agus cha bhiodh e iomchaidh do bhuidheann leithid Bòrd na Gàidhlig sin a dhèanamh.
--	--

Dè na gnìomhan no sgrùdaidhean leantainneach a rinn sibh gus buaidh nan gnìomhan a rinn sibh a mheasadh? Ciamar a tha sibh air seo a thomhas?

	Chan eil Bòrd na Gàidhlig air obair sgrùdaidh sam bith a dhèanamh air bith-iomadachd air sgàth nàdar a dhleastanais reachdail, agus cha bhiodh e iomchaidh do bhuidheann leithid Bòrd na Gàidhlig bith-iomadachd a sgrùdadh a thaobh co-dhùnadh sam bith a rinn e.
--	--

EARRANN 7: PRÌOMH CHOILEANAIDHEAN AGUS DÙBHLAIN BITH-IOMADACHD

Thoir cunntas air na prìomh choileanaidhean aig a' bhuidhinn a thaobh bith-iomadachd thar na h-ùine aithris agus air na nithean às a bheil sibh moiteil (faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach phròiseasan, phlanaichean, phròiseactan, chom-pàirteachasan, thachartasan agus ghnìomhan).

	<p>Is e prìomh choileanadh Bhòrd na Gàidhlig a bhith ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e cumail ri a dhleastanas gus bith-iomadachd adhartachadh (cho fad 's as urrainn dha taobh a-staigh a dhleastanas reachdail) rè na h-ùine aithris. Mar thoradh air suidheachadh COVID-19, tha an luchd-obrach air fad againn air a bhith ag obair aig an taigh bhon Mhàrt 2020 agus chaidh a h-uile coinneamh a-staigh agus a-muigh a chumail air-loidhne bhon uair sin. Mar sin, bidh an lorg carboin againn airson 2020 air ìsleachadh gu mòr. A bharrachd air an seo, tha e air sealltainn dhuinn gun urrainn dhuinn ar cleachdaidhean obrach atharrachadh ann an dòigh a bheir deagh bhuidhne air an àrainneachd agus gun tèid mòran de na cleachdaidhean sin àbhaisteachadh air feadh na buidhne às dèidh do chuingealachaidhean COVID-19 a thighinn gu crìch. Mar thoradh air seo, dh'fhaodte gun urrainn dhuinn ar targaid de carbon net zero a choileanadh nas luaithe na 2045, a bhios na dheagh thoradh bho bhliadhna a tha air a bhith gu math dùbhlach dhan a h-uile duine.</p>
--	---

A' coimhead air adhart, dè na prìomh dhùbhlain a bhios ann san ath thrì bliadhna nur beachd?

	<p>Is e a' phrìomh dhùbhlain a bhith a' cur an gnìomh cuid den chomhairle a gheibhear mu bith-iomadachd ann an dòigh bhrìoghmhor ann an co-theacsa obair Bhòrd na Gàidhlig.</p>
--	---